



## **Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna**

---

**BA Cànan Is Cultar/Gàidhlig Is Iomall a' Chuain Siar  
An Cùrsa Comais**

---

**Cànan Foirmeil is Dreuchdail**

**Deuchainn Deireannach**

**Diardaoin, 20 An Cèitean, 2004**

**Uair: 10.00 - 12.00**

---

**Fiosrachadh: Tha ceithir ceistean anns an deuchainn.  
Bu chòir dhuibh a h-uile ceist a fhreagairt.  
Faodaidh sibh faclairean a chleachdadh.  
Sgrìobhaibh ur freagairtean air na duilleagan seo.**

---

1. Seo a' chiad cheumannan ann an obair latha manaidsear bùth bìdh.

- a. Cuir a-mach an sgudal. Cuir a-mach air an t-sràid e.
- b. Glan an uinneag mhòr. Glan le uisge is clobhd i.
- c. Sgeadaich an uinneag. Sgeadaich le measan ùra i.
- d. Èist ris an inneal-fòn. Èist ris airson nan òrdughan.
- e. Ullaich na h-òrdughan. Ullaich anns an stòr iad.
- f. Nigh an làr. Nigh le uisge teth e.
- g. Òl cupa tì. Òl san oifis i.
- h. Bruidhinn ris an luchd-obrach. Bruidhinn riutha mu na prìsean ùra.
- i. Fosgail an doras mòr. Fosgail aig naoi uairean e.
- l. Thoir an t-airgead dhan bhanca. Thoir dhan bhanca sa bhan e.

Sgrìobh gach paidhir sheantansan a-rithist, a' cleachdadh a' ghnìomhair *a dhol* sa ghuth fhulangach, mar a leanas:

Dèan biadh dhan chloinn. Dèan aig sia uairean e. > *Thèid biadh a dhèanamh dhan chloinn. Thèid a dhèanamh aig sia uairean.*

- a. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- b. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- c. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- d. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- e. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- f. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- g. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- h. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- i. *Thèid* .....  
*Thèid* .....
- l. *Thèid* .....  
*Thèid* .....

(15 comharra)

2. Cuir na seantansan fodha dhan ghuth fhulangach leis a' ghnìomhair a bhith, mar a leanas:

Fhuair an sgoil bus(f) ùr airson cuairtean a dhèanamh. > *Bha bus ùr air fhaighinn leis an sgoil airson cuairtean a dhèanamh.*

- a. Cheannaich na càirdean aca bòrd ùr dhan chidsin.
- b. Dh'òl an dithis aca tì sa chafaidh timcheall air trì uairean.
- c. Togaidh muinntir a' phàipeir dealbhan air beulaibh an talla ùir.
- d. Fosglaidh a' chompanaidh bùth ùr air Sràid na h-Eaglaise.
- e. Bheir a' Chomhairle airgead dhan bhuidhinn-òigridh mu choinneimh an turais.
- f. Chunnaic mo bhràthair balaich a' bhaile aig a' gheam air an telebhisean.
- g. Chuala a h-uile duine san taigh-òsta sibh a' tilleadh a-raoir.
- h. Saoil an cuidich duine sam bith sinn aig an stèisean?
- i. Tha e coltach nach do dh'ainmich am prògram Seumas idir.
- l. Dh'fhàgadh an tacsaidh aig geata na pàirce thu.

- a. ....  
.....
- b. ....  
.....
- c. ....  
.....
- d. ....  
.....
- e. ....  
.....
- f. ....  
.....
- g. ....  
.....
- h. ....  
.....
- i. ....  
.....
- l. ....  
.....

(15 comharra)

3. a. Cuir loidhne fo gach rud a tha ceàrr anns an earrainn a leanas, a rèir stiùiridhean G.O.C. agus Litreachadh Ùr na Gàidhlig. Sgrìobh an earrann air fad a-mach a-rithist air a ceartachadh. Tha 25 rud ceàrr ann uile gu lèir.

Nuair a dh'èirich mi maduinn Di-sathuirne charobh mi cinnteach dè dhèanainn. Cha robh a' ghrian a'dèarrsadh idir, agus bha i caran fuar am muigh. Bha a'ghaoth a' sèideadh nan craobhan a null sa nall, 's bha na craobhan 'sa ghàrradh a' call nan duilleagan aca. Bha mi a' dol a' dh'èirigh 's bha mi a' dol a ghabhail grèim bìdh, ach bha mi cho sgìth ris à chù agus thuit mi nam chadal a' rithist. Chaidil mi ùine mhòr, s nuair a dhùisg mi bha e cairteal an dèidh ceithir. Bha mi gu math crosda oir chaill mi a' chiad leth den gheama a bh'air an telebhisean: Alba an-aghaidh na Gearmailt. Ach 'se mo choire sa bh'ann agus cha n-fhaod mi a' bhith a' gearan. Bha A' Ghearmailt air thoiseach, a-h-aon gu neoni. Chan eil Alba air a' bhith ro mhath idir na làithean sa.

.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....  
.....

3. b. Lìon gach beàrn anns a' chòmhradh a leanas le mìrean air choreigin den ghnìomhair *a bhith* san tràth theachdail.

Anna: Hallo, an e sin Iain? Iain, èist ri seo, ..... partaidh ann a-nochd ann an taigh Sheumais.

Iain: O, am .....

Anna: ..... Am ..... thu fhèin ann?

Iain: Cha ..... mise ann idir, tha eagal orm.

Anna: O, nach .....

Iain: Cha ..... Tha mi gu ..... ag obair anns an oifis.

Anna: O, ..... modhail. Chan eil thu a' dol gu rud sam .....

Iain: Chan e sin an fhìrinn: tha mi a' dol gu rudan an-dràsta 's a-rithist.

Anna: Cuin? Cuin a ..... tusa aig càil còmhla ri daoine eile?

Iain: Nach ..... na h-aon daoine a' dol dhan a h-uile càil co-dhiù.

Tha agamsa ri ..... san oifis a-nochd, agus sin far am

..... mi gu meadhan-oidhche - mura ..... nas fhaide.

Anna: Thig ann an uair sin, ma-thà.

Iain: Tha mi an dùil gum ..... mi ro sgìth nuair a ..... mi deiseil a dh'obair.

Anna: ..... e na b' fheàrr nan robh thusa ann. ....  
fhìn na bu thoilichte nan robh thu ann.

Iain: O uill, tha eagal orm nach ..... mi còmhla ribh idir a-nochd.

Anna: Och, chan eil mi a' smaoinichadh a-nis gun tèid mi fhìn ann.

(10 comharran)

4. Sgrìobh aithisg-naidheachd, mu 250 – 300 facal, air AON de na cuspairean a leanas, mar gum b' ann do phrògram nan naidheachdan air *Radio nan Gaidheal*, no dhan phàipear-naidheachd, *An Gaidheal Ùr*:

Latha trioblaideach san Ear Mheadhanach

Tuilleadh connspaid mu sheirbheisean-aiseig an eilein

Bliadhna shoirbheachail dha sgioba a' bhaile

Diluain thrang sa chùirt

A' mhìos a bu bhlàithe ann an 50 bliadhna, a rèir eòlaichean

Deagh naidheachd dhan Ghàidhlig

NO

Sgrìobh aithisg-naidheachd stèidhichte air an fhiosrachadh a leanas:

..oidheche mhòr... ..duaisean B.A.F.T.A... ..saoghal telebhisein is rèidio... ..dùil ri  
duais... ..mì-thoilichte... ..riochdaire... ..amharasach... ..aig a' bhàr... ..fion...  
..trod ri chèile... ..briste... ..na bhùrach... ..manaidsear an taigh-òsta... ..poilis...  
..sa chùirt...

(35 comharra)

(Cleachd na duilleagan a leanas airson an aithisg-naidheachd a sgrìobhadh.)

(Deireadh na Deuchainne)

